


**Co-chomhairleachadh air
Geallaidhean Riaghaltas na
h-Alba do Ghàidhlig agus
Albais agus Bile nan Cànan
Albannach**



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot



Clàr-innse

Facal-tòiseachaidh bhon Mhinistear	02
Ro-ràdh	04
Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig	07
Gàidhealtachd Oifigeil	13
Bòrd na Gàidhlig	19
Albais	24
Foirm Fiosrachaidh Luchd-Freagairt	33

Facal-tòiseachaidh bhon Mhinistear

Pàipear Co-chomhairleachaidh
air Geallaidhean Riaghaltas na
h-Alba don Ghàidhlig, Albais
agus Bile nan Cànan Albannach

Facal-tòiseachaidh, Rùnaire a' Chaibineit

Tha Riaghaltas na h-Alba air grunn gheallaidhean làidir agus àrd-amasach a dhèanamh do Ghàidhlig agus Albais agus tha sinn a' cur fàilte air ur beachdan mun deidhinn san eacarsaich cho-chomhairleachaidh seo. Cuiridh na beachdan a gheibh sinn ris na co-dhùnaidhean a nì sinn leis na geallaidhean seo.

Tha iomadh bliadhna air a bhith ann bho chaidh reachdas a chur an sàs às leth na Gàidhlig agus tha cothrom againn meòrachadh air mar a tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 air obrachadh gu practaigeach. Ged a tha adhartas cunbhalach air a bhith ann bho chaidh an reachdas seo aontachadh, tha sinn ag aithneachadh gu bheil luach ann a bhith a' toirt sùil às ùr air na ceumannan a tha an gnìomh. Gu ruige seo chan eil Albais air buannachd fhaighinn bho thaic fhoirmeil tro reachdas agus le taic a' fàs don chànan tha mi den bheachd gu bheil an t-àm ann smaoineachadh mu dè as urrainn dhuinn dèanamh san t-seagh seo.

'S ann mean air mhean a tha adhartas air a bhith agus gheibhear fianais de dheagh adhartas anns na deicheadan mu dheireadh. Mar eisimpleir, tha a-nis taic don Ghàidhlig ri lorg ann an iomairtean coimhearsnachd, ann an stiùireadh agus reachdas, ann an structaran nàiseanta agus ann an raon farsaing de phròiseactan. Gus barrachd adhartais a choisinn don chànan feumaidh sinn togail air a' bhun-structair Ghàidhlig eadar-mheasgte seo agus taic a thoirt don choimhearsnachd luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh ge be càite a bheil iad agus ge be cò iad.

Tha poileasaidh Albais aig Riaghaltas na h-Alba a-nis. Tha tuilleadh taic do dh'Albais ri fhaighinn ann an Cairt Eòrpach nam Mion-chànan aig Comhairle na h-Eòrpa agus anns an fhiosrachadh luachmhor a fhuair sinn bhon cheist Albais sa chunntas-sluaigh mu dheireadh. Tha àite follaiseach aig Albais ann am foghlam, foillseachadh agus anns na h-ealain agus tha grunn bhuidhnean beaga, le taic bhon Riaghaltas, ag obair gu dlùth gus tuilleadh adhartais a choisinn airson Albais. Cuidichidh an eacarsaich cho-chomhairleachaidh seo le fiosrachadh mu na h-ath cheumannan airson Albais.

Le geallaidhean Riaghaltas na h-Alba agus an obair a thig às dèidh a' cho-chomhairleachaidh seo tha cothrom eile ann togail air an deagh adhartas a chaidh a dhèanamh gus Gàidhlig agus Albais a neartachadh ann an Alba le bhith a' meudachadh na h-àireimh de dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn agus a' cleachdadh nan cànanan sin ann an Alba. A chùim na crìche seo tha fàilte air na chuireas sibh ris a' cho-chomhairle seo.

Rùnaire a' Chaibineit

Ro-ràdh

Tha farsaingeachd de gheallaidhean àrd-amasach aig Riaghaltas na h-Alba do Ghàidhlig is Albais. Bidh an eacarsaich cho-chomhairleachaidh seo is na beachdan a gheibh i na chuideachadh leis an adhartas a nì sinn leis na geallaidhean seo.

Geallaidhean Riaghaltas na h-Alba

Tha Riaghaltas na h-Alba air grunn gheallaidhean a dhèanamh a thaobh na Gàidhlig agus Albais. Nam measg tha ceithir prìomh gheallaidhean a dh'fhaodar a mheas mar a bhith gu sònraichte cudromach leis na geallaidhean eile a' tighinn fon bhratach aca. Is iad na ceithir prìomh gheallaidhean – dòigh-obrach ro-innleachdail ùr a stèidheachadh a thaobh FtG, rannsachadh a dhèanamh air Gàidhealtachd oifigeil a chruthachadh, ath-sgrùdadh a dhèanamh air structar agus gnìomhan Bhòrd na Gàidhlig (BnG), agus gnìomhan a ghabhail a thaobh Albais. Far a bheil feum air prìomh reachdas airson seo, dh'fhaodadh an gealladh airson Bile nan Cànan Albannach a bhith mar am meadhan reachdail tron deigheadh adhartas a dhèanamh leis na geallaidhean sin.

Thar nam bliadhnaichean mu dheireadh tha taic mhath air a bhith ann don Ghàidhlig. Chaidh raon de phròiseactan agus iomairtean a chur an sàs agus tha reachdas cudromach air taic fhaighinn ann am Pàrlamaid na h-Alba. Tha àrdachadh cuideachd air tighinn ann an taic do dh'Albais agus fàs anns na goireasan a tha ri fhaighinn. Leis na geallaidhean ùra seo agus an fhianais a tha a' sior fhàs de thaic dha na cànanan sin bu toil le Riaghaltas na h-Alba ceumannan a bharrachd a ghabhail gus taic a thoirt don Ghàidhlig agus Albais.

Coimheadaidh am pàipear co-chomhairleachaidh aon mu seach air gach fear de na prìomh gheallaidhean, a' mineachadh a' phrìomh gheallaidh agus na fo-gheallaidhean a tha sinn den bheachd a tha co-cheangailte no a' tighinn fo bhratach nan raon farsaing seo. Feuchaidh e ris an t-suidheachadh a thaisbeanadh tro bhith a' tabhann diofar bheachdan a chaidh a thoirt dhuinn gu ruige seo tro cho-chomhairleachadh neo-fhoirmeil le measgachadh de luchd-ùidhe. Tha seo air a dhealbhadh gus tuilleadh deasbaireachd, bheachdan agus conaltradh a bhrosnachadh leis a h-uile ùidh iomchaidh. Cha deach co-dhùnaidhean sam bith a dhèanamh fhathast a thaobh mar a thèid adhartas a choisinn airson na Gàidhlig agus Albais agus tha sinn gu gnìomhach a' sireadh bheachdan bho air feadh nan coimhearsnachdan air fad. Tha sinn a' sireadh bheachdan air mar a ghabhas tuilleadh adhartais a choisinn agus cuidichidh na beachdan a gheibh sinn ann a bhith a' cumadh nan gnìomhan a thèid a ghabhail sa bhad agus san fhad-ùine gus na geallaidhean sin a libhrigeadh.

Tha sinn mothachail gu bheil ceanglaichean agus eadar-eisimeileachdan ann eadar na diofar gheallaidhean Gàidhlig. Mar eisimpleir, tha e coltach gum bi FtG na phàirt de dheasbad sam bith co-cheangailte ri rannsachadh mu Ghàidhealtachd. Mar an ceudna, tha àite aig Bòrd na Gàidhlig a thaobh foghlaim; bidh atharrachaidhean ann am foghlam no gu dearbh rannsachadh mun Ghàidhealtachd a' toirt a-steach beachdachadh air na gnìomhan a bu chòir a bhith aig Bòrd na Gàidhlig gus taic a thoirt do dh'atharrachaidhean san raon sin agus mar sin bidh e a' dol an lùib ath-sgrùdadh structar agus gnìomhan Bhòrd na Gàidhlig fhèin.

Chan eil na geallaidhean gu h-àrd a' toirt iomradh sònraichte air MG ALBA ach tha sinn mothachail gu bheil MG Alba a' cur luach ri grunn raointean cudromach de ghnìomhachd na Gàidhlig ann an dòigh fharsaing is eadar-mheasgte. Tha taic Riaghaltas na h-Alba do MG ALBA air leigeil leis a' bhuidheann seo agus BBC ALBA cur ri ionnsachadh na Gàidhlig, na h-ealain, gnìomhachd coimhearsnachd, sgilean agus an eaconamaidh. Air an adhbhar seo bhitheamaid an dùil gum biodh MG ALBA gu mòr an sàs anns na còmhraidhean seo.

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Beachdaichidh an earrann seo air dòigh-obrach ro-innleachdail nàiseanta ùr do dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a tha riatanach ma tha sinn a' dol a dh'fhaicinn nan ìrean adhartais nas luaithe a tha sinn a' sireadh airson Gàidhlig.

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn tuilleadh adhartais a dhèanamh le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) tro dhòigh-obrach ro-innleachdail ùr a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. An lùib seo bidh dèanamh cinnteach gu bheil FtG dha-rìribh bogach, ag amas cuideachd air leasachadh air an taghadh de chuspairean a thèid a theagasg tro FtG aig gach ìre de dh'fhoghlam farsaing coitcheann is an ìre as àirde san àrd-sgoil. Na lùib cuideachd bidh brosnachadh cruthachadh bhun-sgoiltean is àrd-sgoiltean FtG ùra air feadh Alba, is air cùlaibh seo bidh tasgadh a bharrachd gus an àireamh thidsearan as urrainn teagasg tro mheadhan na Gàidhlig àrdachadh.

Tha grunn ùghdarrasan ionadail agus buidhnean ann a tha a' cur gu mòr ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba. Còmhla riuthasan, nì Riaghaltas na h-Alba cinnteach gum bi e-Sgoil agus Stòrlann fhathast a' faighinn taic gus cuideachadh le foghlam sgoile, ionnsachadh inbheach, taic thidsearan, ionnsachadh coimhearsnachd agus cothrom air goireasan foghlaim Gàidhlig de dheagh chàileachd. Nì sinn cinnteach cuideachd gum bi Sabhal Mòr Ostaig fhathast na ionad sàr-mhathais airson solar ionnsachadh na Gàidhlig, le maoinachadh sònraichte gus cùrsaichean Foghlam Adhartach is Àrd-ìre a thabhann tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil prìomh àite aig Sabhal Mòr Ostaig ann a bhith a' toirt taic do FtG aig gach ìre agus do raon farsaing de dh'iomairtean coimhearsnachd Gàidhlig.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gu bheil na cùisean gu h-àrd riatanach ma tha sinn a' dol a dh'fhaicinn nan ìrean adhartais nas luaithe a tha sinn a' sireadh airson na Gàidhlig. Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba taic a chumail ri foghlam, na h-ealain agus craoladh Gàidhlig le prìomh àite aig MG ALBA. Tha sinn cuideachd ag aithneachadh gu bheil eadar-eisimeileachdan ann thar nan roinnean sin a tha a' toirt taic dha chèile agus a' cur ris an amas iomlan a bhith ag àrdachadh na h-àireimh a tha a' bruidhinn, a' cleachdadh agus ag ionnsachadh a' chànain.

Àrd-shealladh air Foghlam Gàidhlig ann an Alba

Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig na roinn stèidhichte ann am foghlam Albannach. Tha ceangal son dàta foghlam Gàidhlig ri fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig aig a' cheangal a leanas. [Dàta Foghlaim - Bòrd na Gàidhlig \(gaidhlig.scot\)](https://www.gaidhlig.scot/) 'S e amas FtG gum bi daoine òga comasach air obrachadh gu misneachail agus gu fileanta ann an dà chànan fhad 's a tha iad a' dol air adhart bho thràth-bhliadhnaichean, tro fhoghlam bun-sgoile agus gu foghlam àrd-sgoile. Tha FtG bhon sgoil-àraich gu deireadh na bun-sgoile na sheòrsa de dh'fhoghlam bogaidh. Leis an t-seòrsa foghlaim seo, 's i a' Ghàidhlig an aon chànan ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh anns a' chiad trì bliadhna den bhun-sgoil, ris an canar an ìre bogaidh.

Bho BS4 gu BS7, leanaidh foghlam bogaidh ach, aig an ìre seo, thèid ionnsachadh tro mheadhan na Beurla a thoirt a-steach. Bho BS4 a-mach agus às dèidh toirt a-steach na Beurla, bu chòir gum fuirich a' Ghàidhlig mar phrìomh chànan an t-seòmar-sgoile. Tha FtG air a libhrigeadh do chloinn is daoine òga a tha a' tighinn à teaghlachan far a bheil Gàidhlig air a bruidhinn is cuideachd feadhainn bho theaghlachan aig nach eil mòran Gàidhlig no aig nach eil Gàidhlig.

Tha foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig (FBSG) ri fhaighinn an-dràsta ann an 14 a-mach à 32 sgìrean ùghdarras foghlaim air feadh Alba. Tha cuideachd àireamh a tha a' sìor fhàs de sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba agus bun-sgoiltean dà-shruth (Gàidhlig agus Beurla) far a bheil FtG sa mhòr-chuid. Tha cuideachd grunn ionadan tràth-bhliadhnachan agus cròileagan ag obair air feadh Alba.

Tha foghlam àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig (FÀSG) cuideachd ri fhaighinn ann an 33 àrd-sgoiltean ann an Alba. Anns na sgoiltean sin, mar as trice bithear a' tabhann Gàidhlig mar chuspair, le cuid de sgoiltean a' libhrigeadh cuibhreann a bharrachd den churraicealam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) eadar-dhealaichte bho FtG leis gu bheil e air a libhrigeadh mar chànan a bharrachd dhaibhsan a tha ann am foghlam tro mheadhan na Beurla. Tha FLI a' cur dhaoine òga an aithne Gàidhlig is a cultar.

Tha àite deatamach aig buidhnean foghlaim agus buidhnean poblach ann an Alba ann a bhith a' toirt taic do agus a' leasachadh foghlam Gàidhlig ann an Alba. Tha ionadan foghlaim thidsearan cuideachd a' cur gu mòr ri adhartachadh, taic agus fàs foghlam Gàidhlig ann an Alba. Còmhla ris na buidhnean sin, tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' toirt taic do sgoilearan, tidsearan agus pàrantan tron obair aca a' solarachadh ghoireasan airson foghlam Gàidhlig.

A' togail air Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980, tha Pàrlamaid na h-Alba air grunn phìosan reachdais aontachadh a tha cudromach airson foghlam a libhrigeadh, a' gabhail a-steach libhrigeadh foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean na h-Alba. Nam measg tha, Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010, Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 agus an Stiùireadh co-cheangailte ris.

Fàs is Adhartas FtG

Bu mhiann le Riaghaltas na h-Alba cluinntinn bho luchd-ùidhe foghlam na Gàidhlig mu na cnapan-starra no bacaidhean a tha iad den bheachd a dh'fheumas aithneachadh gus am bi e comasach do FtG tuilleadh adhartais a dhèanamh. Bu mhiann leinn cuideachd ur beachdan a chluinntinn air na fuasglaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann dha na cùisean seo.

Thairis air na bliadhnaichean mu dheireadh tha an aon chuspair air a bhith aig grunn aithisgean agus freagairtean co-chomhairleachaidh mu FtG. 'S e seo gu bheil cnapan-starra no bacaidhean sònraichte ann a dh'fheumas aithneachadh gus an urrainn FtG deagh adhartas a choisinn. Gus tuilleadh deasbaid agus conaltradh a bhrosnachadh le luchd-ùidhe tha cuid de na cùisean sin air am mìneachadh gu h-ìosal. Ach tha Riaghaltas na h-Alba airson ur beachdan a chluinntinn mu far am feum aire a chur gus adhartas a bharrachd son FtG ann an Alba a chur an comas agus a chuideachadh. Tha sinn airson ur smuaintean ionnsachadh mu na roghainnean a th' ann gus leasachaidhean a thoirt gu buil is mar sin nuair a tha sibh a' freagairt na co-chomhairle seo 's dòcha gum bi sibh airson ur beachdan a thoirt seachad ann am feadhainn de na raointean sin ach cha bu chòir dhuibh a bhith a' faireachdainn gu bheil sibh cuingealaichte ris na cuspairean sin. Tha sinn fosgailte ri agus a' cur fàilte air beachdan is smuaintean a bharrachd.

Dh'fhaodadh na leanas a bhith am measg nan raon buntainneach:

- Solarachadh FtG, cothrom air solar agus brosnachadh FtG le ùghdarrasan ionadail,
- FtG mar eòlas 3-18 agus leantailachd FtG,
- Taghadh chuspairean, curraicealam agus rèiteachadh measaidh FtG
- Fastadh luchd-teagaisg, greis-obrach, glèidheadh agus ionnsachadh proifeiseanta FtG
- Taic agus goireasan luchd-teagaisg is sgoilearan,
- 0-3, solar tràth-bhliadhnaichean agus togail cànan,
- Meud chlasaichean, luchd-cuideachaidh cànan, bogadh agus fileantachd,
- A' toirt feart air FtG nuair a thathar a' suidheachadh dhùilean nàiseanta agus ann an gnìomhachd mu thimcheall Sgrùdadh Sgoile
- Gabhail a-steach FtG ann am planadh agus aithris le sgoiltean far a bheil FtG air a sholarachadh mar phàirt de sgoil dà-shruth.

Tha na raointean gu h-àrd air an liostadh mar chinn fharsaing ach dh'fhaodadh ceistean mionaideach a bhith anns gach fear dhiubh. Mar eisimpleir fon cheann cothrom air foghlam Gàidhlig, tha sinn mothachail gu bheil duilgheadasan air a bhith aig mòran phàrantan le bhith a' faighinn àite FtG far nach eil ach glè bheag de sholarachadh no far nach eil solar idir. Faodaidh seo a bhith fìor cuideachd far a bheil iarrtas nas àirde na na h-àiteachan a tha rim faighinn. Faodaidh cuid de phàrantan a bhith fo ana-cothrom no às aonais comas àite a ghabhail far a bheil cùisean còmhdaidh an urra ri ullachaidhean sgìre-sgoile agus leis na poileasaidhean a tha stèidhichte gu h-ionadail a thaobh còmhdaidh. A-rithist, fon roinn fharsaing de roghainn chuspairean dh'fhaodadh gum bi dragh ann mu sholar chuspairean FtG san ìre as àirde. Faodar gach aon de na puingeann gu h-àrd a roinneadh ann an eisimpleirean eile nas mionaidiche agus nas sònraichte.

'S e amas dòigh-obrach ro-innleachdail ùr sam bith a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig taic a chur ri fàs is leasachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil FtG a' libhrigeadh deagh fhoghlam don òigridh air fad ann am FtG. Gus seo a choileanadh feumar a h-uile oidhirp a dhèanamh leasachaidhean a thoirt gu buil far a bheil cùis shònraichte air aithneachadh mar bhacadh air fàs. Mar sin bidh sinn ag iarraidh oirbh beachdachadh air dè na ceumannan, nur beachd-sa, a dh'fheumar gabhail gus adhartas a dhèanamh no fuasglaidhean a sholarachadh. Mar eisimpleir, faodaidh fuasglaidhean a bhith a' toirt a-steach:

- Ath-sgrùdadh agus atharrachaidhean ris na dleastanasan aig ùghdarrasan ionadail a thaobh FtG,

- Soilleireachd air nàdar FtG 3-18 agus dè as urrainn pàrantan sùileachadh bhuaithe,
- Ceumannan a bharrachd gus taic a thoirt do fastadh thidsearan FtG agus leasachadh proifeiseanta,
- Dèanamh cinnteach gu bheil solar tràth-bhliadhnaichean FtG ann agus a' faighinn taic,
- A' stèidheachadh mar as urrainn iomairtean agus buidhnean nàiseanta obrachadh nas fheàrr còmhla gus taic a thoirt do FtG.

Dh'fhaodadh fuasglaidhean a chaidh ainmeachadh mar phàirt den dhòigh ro-innleachdail ùr a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhith air an libhrigeadh tron reachdas làithreach, atharraichean ris agus ùrachadh air an stiùireadh son FtG. Feumar dèanamh cinnteach cuideachd gu bheil aire air a thoirt don chlàr-obrach ath-leasachadh foghlaim farsaing thairis foghlam Albannach agus gum bi FtG aig cridhe an ath-leasachaidh sin. Far an aithnich thu cùis 's mathaid gum bi thu airson beachdachadh dè na gnìomhan a tha thu a' smaoinichadh a dhèanadh e comasach adhartas a choisinn ann am FtG.

Mar a chaidh ainmeachadh, ged a tha grunn chinn fharsaing air ainmeachadh gu h-àrd, chan eil dùil sam bith ann gum bu chòir beachdan co-chomhairleachaidh a bhith cuingealaichte ris na puingeann sin. Tha fàilte air beachdan mu bhacaidhean eile agus fuasglaidhean a tha air am moladh.

Ceistean Co-chomhairleachaidh

Tha fàilte air freagairtean Co-chomhairleachaidh mu cheist dòigh-obrach ro-innleachdail ùr son foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

A' smaoinichadh air cnapan-starra, bacaidhean is fuasglaidhean – Dè na prìomh rudan a tha sibh den bheachd a bu chòir a bhith mar phàirt de dhòigh-obrach ro-innleachdail ùr son foghlam tro mheadhan na Gàidhlig?

Dè na ceumannan a tha sibh a' smaoinichadh a bu chòir gabhail gus taic is brosnachadh a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig is dèanamh cinnteach gun tèid dòigh-obrach ro-innleachdail ùr sam bith son FtG a chur an sàs?

A bheil puingeann sam bith eile ann a bu mhiann leibh dèanamh mu dheidhinn solarachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig is foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann am foghlam Albannach?

Gàidhealtachd Oifigeil

Coimheadaidh an earrann seo ri am bu chòir gealladh mu Ghàidhealtachd oifigeil prìomh fhòcas a chur air àite is mar a thèid a chomharrachadh no air luchd-labhairt na Gàidhlig ge be far a bheil iad is an taic a tha iad a' faighinn.

'S e miann Riaghaltas na h-Alba an cànan a neartachadh agus taic a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan ge be càite a bheil iad ann an Alba. Bidh e na amas dhuinn ìrean cleachdadh cànan àrdachadh, barrachd sheirbheisean a sholarachadh tro mheadhan na Gàidhlig agus cothroman a leudachadh. Gu sònraichte, tha ar n-amas a' gabhail a-steach a' mhiann gum faicear àrdachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann an dà raon deatamach, an dachaigh agus a' choimhearsnachd. Co-cheangailte ri seo tha gealladh gum bi fòcas air cur stad air gluasad cànan ann an sgìrean le àireamhan susbainteach de luchd-labhairt.

Gu traidiseanta bha a' Ghàidhealtachd a' ciallachadh na sgìre ris an canar Highlands anns a' Bheurla. Aig puingean sònraichte nar n-eachdraidh bhiodh cànan is cultar na sgìre seo gu ìre-mhòr Gàidhealach. Ged nach eil an teirm Gàidhealtachd air nochdadh ann am poileasaidh Gàidhlig ann an Alba, 's e amas a' gheallaidh seo meòrachadh dè na ceumannan a bharrachd as urrainn gabhail gus Gàidhlig a thaiceadh is a bhrosnachadh is an àireamh a tha a' bruidhinn, a' cleachdadh is ag ionnsachadh a' chànan àrdachadh. 'S e fòcas na h-earrainn seo den phàipear co-chomhairleachaidh an gealladh rannsachadh a dhèanamh air a bhith a' cruthachadh Gàidhealtachd oifigeil.

Gaeltacht na h-Èireann

Tha sgìrean Gaeltachta na h-Èireann air a bhith aithnichte bho na 1920an agus b' iad sin sgìrean far an robh a' Ghaeilge follaiseach agus a' faighinn taic. 'S e Achd na Gaeltachta 2012 an reachdas as ùire. Rinn an Achd ath-mhìneachadh air sgìrean traidiseanta Gaeilge na h-Èireann a rèir slatan-tomhais cànanach an àite na sgìrean cruinn-eòlasach air an robh iad stèidhichte gu ruige 2012.

Ann am Poblachd na h-Èireann, tha an teirm seo ceangailte nas dlùithe ri taic cànan agus buileachadh poileasaidh. Tha Poblachd na h-Èireann air teirm co-ionann a chleachdadh tron cheud bliadhna mu dheireadh ach tha fiù an siostam sin air atharrachadh agus air leasachadh thar an linn ud agus chan eil e a' toirt seachad fuasgladh soilleir no stadaigeach as urrainn toirt a-steach mar fhreagairt ris a' cheist a thaobh dè th' ann an Gàidhealtachd. Gus beachdachadh agus deasbad a bhrosnachadh ge-tà tha sealladh farsaing air na h-ullachaidhean làithreach air an ainmeachadh gu h-ìosal.

Bha Gàidhlig na h-Èireann aig aon àm air a bruidhinn gu farsaing air feadh eilean na h-Èireann, ach a-nis chan eil ach mu 2% de shluagh na h-Èireann a' fuireach air a' Ghaeltacht, na sgìrean far a bheil a' Ghaeilge beò mar chànan choimhearsnachd.

Tha Achd na Gaeltachta, 2012, a' toirt bunait reachdail airson pròiseas planadh cànan. Fon phròiseas, thathar a' toirt cothrom do choimhearsnachdan Gaeltachta a bharrachd air coimhearsnachdan ann am Bailtean Seirbheis Gaeltachta agus Lìonraidhean

Gaeilge planaichean cànanin ullachadh agus a bhuileachadh aig ìre choimhearsnachd le taic leantainneach. Le sin thathar a' tabhann cothrom don leithid choimhearsnachdan pàirt chudromach a ghabhail ann a bhith a' dèiligeadh ris na dùbhlain a tha mu choinneamh na Gaeilge mar a thèid an aithneachadh aig ìre choimhearsnachd. Bheir an Stiùireadh Planaidh Cànanin sealladh farsaing air a' phròiseas agus mar a tha e ag obair.

Fon phròiseas planaidh cànanin, tha e na dhleastanas air Údarás na Gaeltachta dèanamh comasach buileachadh a' phròiseis ann an Sgìrean Planaidh Cànanin na Gaeltachta is Bailtean Seirbheis Gaeltachta taobh a-staigh na Gaeltachta, is tha an aon seòrsa uallach air Foras na Gaeilge son buileachadh a' phròiseis taobh a-muigh na Gaeltachta chun ìre 's gum buin e ri Bailtean Seirbheis Gaeltachta is Lìonraidhean Gaeilge.

Fo Achd na Gaeltachta, 2012, tha a' Ghaeltacht air a roinn ann an 26 Sgìrean Planaidh Cànanin Gaeltachta a tha air cothrom fhaighinn planaichean cànanin ullachadh agus a bhuileachadh aig ìre choimhearsnachd. 'S e Bailtean Seirbheis na Gaeltachta bailtean ann an, no ri taobh, Sgìrean Planaidh Cànanin na Gaeltachta aig a bheil àite cudromach ann an lìbhrigeadh sheirbheisean poblach is goireasan cur-seachad, sòisealta is malairteach anns na sgìrean sin. 'S e Lìonraidhean Gaeilge sgìrean taobh muigh na Gaeltachta aig a bheil bun-ìre riatanach de thaic choimhearsnachd is Stàite don Ghaeilge.

Deasbad mu Ghàidhealtachd

Tha Ceann a tuath, costa an iar agus eileanan air costa an iar na h-Alba air a bhith air a meas gu traidiseanta agus gu h-eachdraidheil mar Ghàidhealtachd na h-Alba. Ach, a thaobh cleachdadh poileasaidh an teirm seo, tha diofar bheachdan agus fhreagairtean ann. Thathas air iomradh a thoirt air cuid dhiubh sin gu h-ìosal agus dh'fhaodadh iad sin cuideachadh le freagairtean don cho-chomhairle seo.

Measaidh cuid an teirm Gàidhealtachd mar àite sònraichte a thèid a mhìneachadh gu cruinn-eòlasach. Chitheadh iad amas a' gheallaidh seo a' Ghàidhlig a neartachadh ann an sgìrean far a bheil i ga bruidhinn le àireamh mhòr sa cheud den t-sluagh. Air cùlaibh seo tha am beachd gu bheil àiteachan sònraichte ann far a bheil ìomhaigh nas àirde aig a' Ghàidhlig agus gum bu chòir iomairtean taice cànanin sònraichte tachairt anns na h-àiteachan seo.

Aig an aon àm bha àireamh de bhuidhnean ùidhe den bheachd nach biodh lìbhrigeadh a' gheallaidh seo na chùis shimplidh. Nochd ceistean mu ciamar a shuidheadh an gealladh seo leis a' bhun-smuain gum bu chòir Gàidhlig a bhith do dh'Alba gu lèir is na cànan nàiseanta. Bha seo ceangailte ri draghan mu thaic leantainneach do Ghàidhlig ann an àiteachan eile, leithid Glaschu no Dùn Èideann, a dh'fhaodadh mìneachadh mar a bhith neo-Ghàidhealtachd. Bha molaidhean ann gum b' urrainn an dòigh-obrach seo a bhith dualtach sgaraidhean adhbharachadh, gum b' urrainn dha a bhith doirbh son riarachadh grantaichean is nan deigheadh

loidhne a chur air mapa gum biodh e doirbh aonta a ruighinn air slatan-tomhais a' cho-dhùnaidh.

Bha cuid eile den bheachd gum bu chòir am fòcas a bhith air taic a thoirt dhaibhsan a tha ag ionnsachadh agus a' bruidhinn a' chànain agus anns na lìonraidhean agus na coimhearsnachdan dham buin iad, ge be càite a bheil iad. Chan eil na roghainnean sin neo-eisimeileach dha chèile agus dh'fhaodadh gum feumar beachdachadh air mar a gheibh iad taic nas fheàrr. A bharrachd air seo, feumaidh sinn cuimhneachadh air cho cudromach 's a tha goireasan didseatach air-loidhne air a bheil cothrom aig luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus na coimhearsnachdan a thig às a sin.

Roghainnean Gàidhealtachd

Airson adhbhar na h-eacarsaich co-chomhairleachaidh seo, bidh an earrann seo a' toirt a-steach fòcas air sgìrean cruinn-eòlasach far a bheil cuibhreann nach beag de luchd-labhairt na Gàidhlig agus far a bheil gnìomhachd cudromach às leth na Gàidhlig.

Far a bheil fòcas air cuibhreann chudromach de luchd-labhairt na Gàidhlig bhiodh dùbhlann ann a thaobh mar a bu chòir sgìre den t-seòrsa seo a mhìneachadh agus faighneachd dè an àireamh a-mach às a' cheud den t-sluagh a dh'fheumadh a bhith nan luchd-labhairt Gàidhlig airson sgìre a bhith air a mhìneachadh mar Ghàidhealtachd. 'S i a' cheist a leanadh dè na ceumannan Gàidhlig a bu chòir a bhith air an daingneachadh san sgìre seo – mar eisimpleir am bu chòir:

- FtG a bhith ri fhaotainn anns a h-uile sgoil?
- buidhnean dòigh-obrach dà-chànanach a thogail?
- tomhas de thaic coimhearsnachd a bhith ri fhaotainn don Ghàidhlig?
- buidhnean poblach agus ùghdarrasan geallaidhean soilleir a dhèanamh a thaobh mar a tha iad an dùil taic don Ghàidhlig a leasachadh agus solar a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig ann an sgìrean Gàidhealtachd?

Bidh ceistean ann cuideachd a thaobh am b' urrainn goireasan a bharrachd a riarachadh don sgìre seo agus ciamar a ghabhadh seo a sgrùdadh no a riaghladh. Faodaidh an gealladh seo cuideachd a bhith a' toirt a-steach cheistean mu gnìomhachd iomairtean agus mar as urrainn do roinnean leithid fastadh, slàinte, taigheadas, còmhdhail, comas-ceangail, cùisean coimhearsnachd is eile taic a thoirt don Ghàidhlig ann an leithid choimhearsnachdan. Bidh ceistean ann cuideachd mu na dh'fheumas seo bho raointean poileasaidh eile aig Riaghaltas na h-Alba.

Fa leth dh'fhaodadh àiteachan sònraichte a bhith air am mìneachadh air sgàth ìre de gnìomhachd Gàidhlig. Dh'fhaodadh argamaid, mar eisimpleir, ann an sgìrean far a bheil sgoiltean agus aonadan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, gu bheil seo a' cruthachadh lìonraidhean sònraichte agus ìrean de gnìomhachd Gàidhlig. Nam biodh aithne air a thoirt air a' bhunait seo dh'fheumadh smaoinneachadh a-rithist air dè

na gnìomhan a tha a' toirt taic don Ghàidhlig a bu chòir suidheachadh, brosnachadh agus stèidheachadh anns na sgìrean sin. Ann an coimhearsnachdan far a bheil FtG gu tric bidh pròiseactan agus tachartasan Gàidhlig eile a' dol a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach Fèisean agus tachartasan ealain Gàidhlig eile, cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'ìnbhich agus obair oifigearan leasachaidh coimhearsnachd Gàidhlig. Gu tric 's e FtG a bhith stèidhichte ann an àite a tha a' cur an comas na gnìomhan eile a tha a' toirt taic don chànan.

Dh'fhaodadh gur e ath-sgrùdadh Bhòrd na Gàidhlig air an Stiùireadh son Planaichean Gàidhlig roghainn airson adhartas a dhèanamh leis a' ghealladh. Mar eisimpleir, tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus an Stiùireadh co-cheangailte a' brosnachadh cur an gnìomh phlanaichean Gàidhlig ann an dòigh iomchaidh. Tha cumhachdan fo Achd 2005 airson riaghailtean a bhith air an dèanamh a nì tuilleadh ullachaidhean mu dè bu chòir a bhith an lùib Phlanaichean Gàidhlig sònraichte. Ann am faclan eile, far a bheil barrachd luchd-labhairt na Gàidhlig 's ann an sin a bu chòir geallaidhean a bhith nas làidire. A bharrachd air sin, tha geallaidhean air a bhith ann am Planaichean Nàiseanta na Gàidhlig gum bu chòir rudan sònraichte tachairt ann an sgìrean far a bheil àireamh nas motha sa cheud de luchd-labhairt na Gàidhlig.

Tha an dòigh-obrach poileasaidh ann am Plana Nàiseanta nan Eilean le Measadh Buaidh Choimhearsnachdan nan Eilean cuideachd buntainneach an seo agus an comas Planaichean coimhearsnachd ionadail a chruthachadh.

Air-loidhne agus Didseatach

Dh'fheumadh gnìomhan Gàidhlig air-loidhne a bhith aithnichte mar phàirt riatanach de dh'oidhirp sam bith coimhead ris an dòigh as fheàrr taic a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha gnìomhan Gàidhlig air-loidhne deatamach ris a h-uile oidhirp taic a thoirt do Ghàidhlig ge be an ann am bailtean-mòra is cathair-bhailtean no sgìrean le slugh ìosal.

Riaghladh is Co-èigneachadh

'S e a' cheist a thaobh ciamar a b' urrainn feumalachdan ann an sgìre Ghàidhealtachd sam bith a bhuileadh is a sgrùdadh cuideachd pàirt chudromach den ghealladh seo. B' e seo cuspair eile a nochd gu follaiseach ann an obair cho-chomhairleachaidh mì-fhoirmeil Riaghaltas na h-Alba, far an deach ceistean fhaighneachd mu na cumhachdan a bh' aig Bòrd na Gàidhlig son sgrùdadh is co-èigneachadh feumalachdan mì-nichte ann am Planaichean Gàidhlig no an Stiùireadh aca. Tha a' cheist mu sgrùdadh is co-èigneachadh is far am bu chòir don dhreuchd seo suidhe cuideachd a' dol an lùib a' gheallaidh mu ath-sgrùdadh obraichean Bhòrd na Gàidhlig.

Ceistean Co-chomhairleachaidh

Tha fàilte air freagairtean co-chomhairleachaidh mun cheist a bhith a' rannsachadh cruthachadh Gàidhealtachd oifigeil.

A bheil beachdan sam bith agaibh air na ceumannan a bu chòir a bhith an sàs gus taic a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig ann an sgìrean le àireamh shusbainteach de luchd-labhairt?

A bheil beachdan agaibh air mar a bu chòir leithid sgìrean a bhith air am mìneachadh?

Ciamar a chothromaicheadh sibh an gealladh ceumannan a chur an sàs ann an sgìrean far a bheil àireamh shusbainteach de luchd-labhairt na Gàidhlig leis a' phrionnsabal gum bu chòir Gàidhlig a bhith na cànan nàiseanta do dh'Alba gu lèir?

A bheil puingeann sam bith eile ann a bu mhiann leibh dèanamh mun ghealladh rannsachadh a dhèanamh air Gàidhealtachd oifigeil a chruthachadh is na geallaidhean ceangailte a bhuineas ri cleachdadh na Gàidhlig anns an teaghlach is coimhearsnachd?

Bòrd na Gàidhlig

Bruidhnidh an earrann seo mun ghealladh ath-sgrùdadh a dhèanamh air gnìomhan is structaran Bhòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil buidheann ceannardais is lìonra bhuidhnean èifeachdach aig Alba son Gàidhlig a bhrosnachadh.

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Riaghaltas na h-Alba a-nis an dùil ath-sgrùdadh a dhèanamh air Bòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann stiùiridh as èifeachdaiche aig Alba airson Gàidhlig leis na cumhachdan as iomchaidh airson Gàidhlig a bhrosnachadh. An lùib an ath-sgrùdaidh bidh sireadh bheachdan luchd-ùidhe mar phàirt den cho-chomhairleachadh seo is am measg seo obraichidh sinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig gus am beachdan fhaighinn air na cothroman a tha iad ag aithneachadh airson leasachadh siostaim. Le iomradh air na h-earrannan sa cho-chomhairle seo air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus a bhith a' rannsachadh Gàidhealtachd oifigeil bidh againn ri beachdachadh cuideachd an nochd molaidhean à freagairtean nan earrannan sin a dh'fheumadh atharrachaidhean a bharrachd ri dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig.

Tha Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic do lìonra farsaing de bhuidhnean a tha ag obair a' toirt taic don Ghàidhlig agus thèid beachdachadh air mar a bheirear an taic seo seachad anns an dòigh as buadhmoire agus as èifeachdaiche. Tha ar n-àrd-amasan airson na Gàidhlig a' gabhail a-steach na tha ùghdarrasan poblach agus buidhnean a' cur ris agus gu sònraichte ar miann gum beachdaich buidhnean le gnìomhan anns na h-ealain, turasachd agus dualchas air mar as urrainn dhaibh cur ri bhith a' coileanadh ìrean adhartais nas luaithe don Ghàidhlig. Seallaidh an t-ath-sgrùdadh air structar, gnìomhan agus obraichean làithreach Bhòrd na Gàidhlig agus air an lìonra de bhuidhnean Gàidhlig maoinichte, le sùil ri faighneachd an e seo fhathast an structar

ceart airson brosnachadh is taic èifeachdach a thoirt don Ghàidhlig ann an Alba.

Chaidh raon farsaing de bheachdan a chur an cèill air a' chuspair seo agus 's dòcha gur e tomhas a tha seo air cho cudromach 's a tha e don choimhearsnachd buidheann nàiseanta a bhith ann airson an cànan a bhrosnachadh. A-rithist thathar a' toirt iomradh air na beachdan sin an seo gus meòrachadh agus deasbad a phiobrachadh. Ach cha bu chòir do luchd-ùidhe a bhith a' faireachdainn gu bheil iad air am bacadh leis na cuspairean seo agus mar phàirt den cho-chomhairle seo thathar a' toirt cuireadh dhaibh làn raon de bheachdan agus am molaidhean a thoirt seachad air atharrachaidhean siostaim sam bith a bu toil leotha fhaicinn.

Mar eisimpleir chaidh beachdan a chuir an cèill mun fheum a th' ann ath-bhrannadh agus ath-shuidheachadh Bòrd na Gàidhlig; air ìre mhaoineachaidh Bhòrd na Gàidhlig airson buidhnean Gàidhlig; air obrachadh siostam nam planaichean Gàidhlig a' gabhail a-steach a bhuileachadh, air inbhe agus susbaint nan sgrìobhainnean a bhios Bòrd na Gàidhlig a' cur a-mach a' gabhail a-steach Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùireadh Reachdail air Planaichean Gàidhlig. Tha cuid de luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ag aithneachadh a' phrìomh àite stiùiridh a th' aig Bòrd na Gàidhlig ann a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig agus misneachd choimhearsnachd sa chànan. Bidh cuid eile a' cur cuideam air dleastanas Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith ag iarraidh air buidhnean poblach eile a bhith nas mothachail agus buadhmoire às leth na Gàidhlig agus ann a bhith a' toirt taic do bhuidhnean maoinichte Gàidhlig tarsainn na roinne.

Chaidh beachdan a chuir an cèill a thaobh am bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig a bhith nas fhaisge air Riaghaltas na h-Alba agus aig a' cheart àm am bu chòir dha a bhith nas fhaisge air a' choimhearsnachd agus air buidhnean Gàidhlig. Tha beachdan air a bhith ann mu riaghladh agus cur an gnìomh agus mu na cuideaman corporra is rianachd a tha air buidheann bheag phoblach agus mar a ghabhas dèiligeadh ri seo no ma thèid a lùghdachadh.

Tha mothachadh ann gum faodadh buaidh a bhith aig geallaidhean eile Riaghaltas na h-Alba air structar agus gnìomhan Bhòrd na Gàidhlig ach sa mhòr-chuid tha sinn ag aithneachadh - leis gun deach Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh o chionn seachd bliadhna deug - gu bheil an t-àm ann ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha e ag obair agus measadh a bheil na gnìomhan leis an deach a stèidheachadh ann an 2005 fhathast freagarrach airson na tha a' Ghàidhlig ag iarraidh bhuaite aig an àm seo.

Faodaidh cuid de cho-chomhairlichean iomradh a thoirt air mar a tha gnìomhan làithreach Bhòrd na Gàidhlig ag obair gu mionaideach a' gabhail a-steach an t-eòlas aca fhèin air mar a tha iad sin ag obair gu practaigeach. Is dòcha gum bi cuid eile airson meòrachadh agus beachd a thoirt air structar na buidhne a' gabhail a-steach inbhe na buidhne am measg bhuidhnean poblach eile.

Tha ceistean air mar a bu chòir planaichean Gàidhlig a bhith air an riaghladh agus air an sgrùdadh cuideachd air nochdadh ann an co-chomhairlean neo-fhoirmeil agus ged a dh'fhaodadh freagairtean air sin a bhith

air an tabhann an co-theacsa rannsachadh Gàidhealtachd oifigeil chuireamaid fàilte air molaidhean sam bith a thaobh mar a ghabhadh siostam nam Planaichean Gàidhlig atharrachadh gus adhartas nas làidire is luaithe a chruthachadh don Ghàidhlig.

Gnìomhan Bhòrd na Gàidhlig

'S e Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 reachdas bunaiteach Bhòrd na Gàidhlig. Tha cuideachd Sgrìobhainn Fhreàim-obrach aige a mhìnicheas an càirdeas leis an Riaghaltas còmhla ri dreuchdan is dleastanas sònraichte.

'S urrainn geàrr-chunntas a dhèanamh air gnìomhan coitcheann Bhòrd na Gàidhlig, a rèir mìneachadh Achd 2005, mar a bhith a' buntainn ri Gàidhlig, foghlam na Gàidhlig is cultar na Gàidhlig. Tha dleastanasan aig Bòrd na Gàidhlig cleachdadh is tuigse a' chànain a bhrosnachadh is a chomasachadh. Tha gnìomhan aig Bòrd na Gàidhlig gus comhairle a thoirt mu chànain, foghlam is cultar do Mhinistearan Albannach is buidhnean poblach eile. Cuideachd tha cumhachdan aig Bòrd na Gàidhlig comhairle a thoirt a rèir iarrais do dhaoine eile air cùisean a bhuineas ri cànan, foghlam is cultar na Gàidhlig.

Tha cuideachd dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig ceangailte ri planaichean Gàidhlig is ullachadh a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig. 'S urrainn dhan Bhòrd iarraidh air buidhnean poblach Plana Gàidhlig ullachadh a bhios a' mìneachadh dè a nì a' bhuidheann às leth na Gàidhlig, 's urrainn dhaibh susbaint a' phlana aontachadh leotha is aithisgean iarraidh mu adhartas is buileachadh a' phlana. Feumaidh Bòrd na Gàidhlig cuideachd Stiùireadh ullachadh air planaichean Gàidhlig

is foghlam Gàidhlig. Tha pàirt chudromach den mhaoineachadh a tha suidhichte le Bòrd na Gàidhlig air a roinneachadh leotha tro ghrantaichean gu buidhnean is pròiseactan eile ceangailte ri taic don Ghàidhlig.

A rèir Achd 2005 bu chòir na gnìomhan builichte air Bòrd na Gàidhlig a bhith air an cur an gnìomh le sealladh air inbhe na Gàidhlig a ghlèidheadh mar chànan oifigeil na h-Alba a gheibh spèis co-ionann ris a' Bheurla tro bhith ag àrdachadh na h-àireimh de dhaoine as urrainn Gàidhlig a chleachdadh agus a thuigsinn.

Inbhe mar Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil Ghnìomhach

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) a th' ann am Bòrd na Gàidhlig. Tha àite cudromach aig NDPBan ann an lìbhrigeadh sheirbheisean poblach ann an Alba, a' coileanadh raon farsaing de gnìomhan às leth an Riaghaltais, le diofar ìrean de neo-eisimeileachd obrachail bhon Riaghaltas.

Bidh NDPBan a' lìbhrigeadh phrìomhachasan mhinistearan tro bhith a' brosnachadh, a' maoineachadh, a' riaghladh agus a' sgrùdadh sheirbheisean a bharrachd air a bhith a' toirt seachad comhairle eòlach, neo-eisimeileach do mhinistearan agus, gu tric, a bhith a' cur a-steach comhairle poileasaidh ro-innleachdail don Riaghaltas.

Bu chòir do NDPBan luach a chur ris an Riaghaltas tron eòlas agus tro na sgilean sònraichte aca, am fòcas air cùisean sònraichte agus an ceanglaichean ri luchd-ùidhe agus ùidhean eile. Tha iad, mar thoradh air an nàdar, cuimsichte air lìbhrigeadh agus a' taobhadh an cuid gnothaich ri Adhbhar agus Builean Nàiseanta an Riaghaltais.

A thaobh structair, dh'fhaodadh Bòrd na Gàidhlig suidhe nas fhaisge air an Riaghaltas agus tha roghainnean ann airson beachdachadh air ciamar a ghabhadh seo a dhèanamh. Dh'fhaodadh seo a bhith èifeachdach a thaobh taic lagha, ghoireasan daonna, ionmhais agus chorpóra. Dh'fhaodadh seo faochadh a thoirt do chuid de na h-uallaichean rianachd a thuiteas air buidheann bheag.

Fhad 's a tha Bòrd na Gàidhlig ag obair mar bhuidheann phoblach bheag, tha seo a' leigeil leis cho tric 's a tha comasach obrachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn an dùil gu bheil taic fharsaing ann don phrionnsabal buidheann phoblach a bhith ann gus brosnachadh is taic a thoirt don Ghàidhlig is gur e rud cudromach a th' ann gun cùm a' bhuidheann seo ag obair tron chànan.

Planaichean Gàidhlig

Bu mhiann le Riaghaltas na h-Alba ur beachdan a chluinntinn a thaobh an e am frèam-obrach planaidh Ghàidhlig fhathast an dòigh as fheàrr gus a' Ghàidhlig a dhìon no am bu chòir atharrachaidhean nas fharsainge nochdadh mar thoradh air an ath-sgrùdadh seo. Tha an siostam planaichean Ghàidhlig a th' ann an-dràsta air adhartas a dhèanamh ach tha cothrom ann beachdachadh an gabhadh an siostam sin a neartachadh no a bheil dòigh nas fheàrr ann airson tuilleadh adhartais nas luaithe a dhèanamh don Ghàidhlig. Ma tha eòlas agaibh air an fhrèam-obrach planaidh Ghàidhlig dh'iarraimaid oirbh beachdachadh a bheil e cho èifeachdach 's a b' urrainn dha a bhith, no ma tha molaidhean sam bith agaibh a thaobh dhòighean adhartais a dhèanamh às leth na Gàidhlig nach eil cho trom air goireasan.

Ceistean Co-chomhairleachaidh

Tha fàilte air freagairtean co-chomhairleachaidh air a' cheist de ath-sgrùdadh air structair is gnìomhan Bhòrd na Gàidhlig.

A bheil beachdan sam bith agaibh air dleastanasan làithreach Bhòrd na Gàidhlig is molaidhean sam bith air mar a b' urrainn dhaibh seo obrachadh nas èifeachdaiche no buadmhoire?

A bheil beachdan sam bith agaibh mu atharrachaidhean structair aig Bòrd na Gàidhlig a b' urrainn brosnachadh is taic na Gàidhlig a neartachadh ann an Alba?

A bheil puingeann sam bith a bharrachd a bu mhiann leibh dèanamh mun ath-sgrùdadh de ghnìomhan is structar Bhòrd na Gàidhlig a tha airson dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann ceannardais is lionra bhuidhnean as èifeachdaiche aig Alba airson brosnachadh na Gàidhlig?

Albais

Bheir sinn air adhart Bile nan Cànan Albannach ùr a ghabhas ceumannan a bharrachd às leth taic na Gàidhlig, a bhios gnìomhach às leth Albais is a dh'aithnicheas gur e dùthaich ioma-chànanach a th' ann an Alba.

Co-theacsa Poileasaidh na h-Albais

Tha poileasaidh Albais aig Riaghaltas na h-Alba a chaidh a chur air bhog gu h-oifigeil ann an 2015. Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd dealasach togail air an seo is ceumannan a bharrachd a ghabhail às leth Albais. Tha grunn aithrisean is geallaidhean eile ann a dhearbhas an co-theacsa poileasaidh anns a bheil Albais stèidhichte is an ìre de phrìomhachas a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt do dh'Albais.

Tha Albais air a bruidhinn air feadh Alba is sheall Cunntas-sluaigh 2011 gun robh còrr air 1.5 millean neach gan aithneachadh fhèin mar luchd-labhairt Albais. Aithnichidh Cairt Eòrpach nam Mion-chànan Albais. Am measg ullachaidhean na h-Albais tha dleastanas gum bi poileasaidhean stèidhichte air a bhith ag aithneachadh mion-chànanan is cànanan sgìreil mar eisimpleir de bheartas cultarail. Mar phàirt de na h-ullachaidhean tha riatanas gnìomh calma gus mion-chànanan is cànanan sgìreil leithid Albais a bhrosnachadh. Cuideachd an lùib nan ullachadh tha comasachadh is misneachadh cleachdadh na h-Albais ann an còmhradh is sgrìobhadh, ann am beatha phoblach is prìobhaideach, solarachadh foirmean is dòighean freagarrach son teagaisg is ionnsachadh na h-Albais is tuilleadh.

Tha Albais cuideachd air aithne fhaighinn ann am foghlam Albannach. Tha an Curraicealam airson Sàr-mhaitheis ga dhèanamh follaiseach gu bheil 'cànanan, dualchainntean agus litreachas na h-Alba nan stòras beairteach às an ionnsaich clann agus daoine òga mu chultar, ìomhaigh agus chànanan na h-Alba. Le bhith a' dèiligeadh ri raon farsaing de theacsaichean, cuiridh iad eòlas air dualchas litreachais agus cànanan na h-Alba agus air a cànanan is a dualchainntean dùthchasach. Tha am prionnsapal seo a' sgaoileadh tarsainn air na builean is eòlasan, agus thathar a' sùileachadh gum bi luchd-teagaisg a' togail air na diofar chànanan a tha rim faighinn ann an coimhearsnachdan na h-Alba, a' cur luach air an fheadhainn a tha a' chlànn agus na daoine òga a' toirt don sgoil.'

A' leantainn air an seo, dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba ann an 2011 am bun-smuain Eòlas Albannach a thoirt air adhart nar sgoiltean. Chruthaich Ùghdarras Teisteanais na h-Alba (SQA) an duais Eòlas na h-Alba is an duais Albais cuimsichte air a bhith a' cruthachadh iall ionnsachaidh fa leth le fòcas air Alba a' gabhail a-steach eachdraidh na h-Alba, litreachas Albannach, Albais agus Gàidhlig, cultar nas farsaing is cùisean Albannach làithreach. Tha cothrom aig sgoilearan gu lèir air an iall aig ìrean Bun- is Àrd-sgoile.

Chaidh rannsachadh a bhrosnachadh air ìrean buileachaidh am measg sgoilearan a tha a' gabhail nan duaisean seo. Tha misneachd cuideachd air a thoirt do sgrìobhadh chruthachail ann an Albais is air a thaiceadh am broinn nan Teisteanasan Nàiseanta Beurla aig Ùghdarras Teisteanais na h-Alba (SQA). Bha àrdachadh cudromach eadar 2018-2019 san àireamh luchd-ionnsachaidh a' suidhe is a' coisinn nan duaisean seo, aig a h-uile ìre bho ìre SCQF 2-6.

'S e Duaisean na h-Albais tachartas bliadhnail is fa leth bho na duaisean aig Ùghdarras Teisteanais na h-Alba. Chaidh na duaisean seo a stèidheachadh an toiseach ann an 2019 gus gàirdeachas a dhèanamh air obair a th' air a bhith a' dol am broinn coimhearsnachd na h-Albais son iomadh bliadhna a-nis. 'S e prìomh amasan an tachartais inbhe a' chànain a thogail is a bhith a' brosnachadh na h-obrach a th' air a dhèanamh is a thaiceadh anns na meadhanan. Tha na duaisean cuideachd a' toirt àrd-ùrlair do dh'iomadh sgrìobhadair, buidheann is cleasaiche gus iad fhèin a chuideachadh gus an adhartachadh anns na dreuchdan aca.

Tha Foghlam Alba cuideachd a' toirt deagh thaic do dh'àite na h-Albais am broinn foghlaim is tha iad air cùrsaichean leasachaidh proifeiseanta air-loidhne do thidsearan a chruthachadh is a bhrosnachadh.

Ann an 2022 tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt maoineachadh do na buidhnean is pròiseactan Albais eile a leanas:

- Scots Language Centre
- Dictionaries of the Scots Language
- Association for Scottish Literature
- Scots Hoose
- Scots Radio/Doric Film Festival
- Doric Board
- Urras Leabhraichean na h-Alba (Grant Foillseachaidh Albais is app Bookbug Albais)
- YoungScot (Pannal nan Cànan Albannach)

Còmhraidhean Neo-fhoirmeil

Tha còmhraidhean neo-fhoirmeil air a bhith ann le luchd-ùidhe Albais agus an fheadhainn le ùidh sa chànan. Anns na còmhraidhean sin chaidh grunn cheuman a mholadh airson Albais a neartachadh agus ìomhaigh a' chànain àrdachadh. Bha am fòcas gu mòr air foghlam, na h-ealain, craoladh agus foillseachadh. A bharrachd air sin, bha deasbad ann cuideachd air dè na structaran ùra a dh'fhaodadh a bhith a dhìth gus taic a thoirt do dh'Albais.

Ann an còmhraidhean sin, bha miann farsaing ann barrachd aithne a thoirt do dh'Albais agus ìomhaigh nas àirde a bhith aig Albais ann am foghlam. Chuir riochdairean na h-Albais am follais cuideachd an comas airson cleachdadh Albais àrdachadh anns na h-ealain, craoladh agus foillseachadh. Dh'fhaodadh grunn bhuidhnean cur gu mòr ris na raon seo.

Nochd molaidhean cuideachd gur e an t-slighe air adhart as fheàrr airson Albais a bhith a' togail air obair agus eòlas bhuidhnean a th' ann mu thràth agus a tha a' faighinn taic. Gus cuideachadh leis a' chòmhradh seo, tha grunn bhuidhnean Albais air an liostadh gu h-ìosal le cunntas goirid air an gnìomhachd.

Prìomh Bhuidhnean Albais

The Scots Language Centre

Tha an Scots Language Centre (SLC) a' faighinn maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba gus fiosrachadh agus comhairle a thoirt seachad air Albais, gus mothachadh a thogail agus gus cleachdadh na h-Albais agus a cultar is foghlam a bhrosnachadh. 'S e aon de na prìomh thùsan air-loidhne a th' ann airson goireasan foghlaim eadar tràth-bhliadhnaichean is àrd-sgoil còmhla ri Scots Hoose. Bidh an Scots Language Centre cuideachd a' fastadh tidsear clàraichte le Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS) mar an t-eòlaiche foghlaim aca a bhios a' cumail obair chom-pàirteachais a' dol le Foghlam Alba, an SQA, agus buidhnean foghlaim eile, a' cruthachadh ionnsachadh proifeiseanta agus goireasan an dà chuid eadar buidhnean agus air an taobh a-staigh.

Bidh an Scots Language Centre gu cunbhalach a' toirt taic agus comhairle eòlach, a rèir iarrtais, do dhaoine fa leth, do bhuidhnean poblach is do bhuidhnean anns an fharsaingeachd air cùisean thar raon cleachdaidh a' chànain gu lèir. Tha an Scots Language Centre cuideachd os cionn na h-iomairt 'Aye can' a tha ag amas air mothachadh a thogail timcheall air Albais a thaobh ceist na h-Albais ann an Cunntas-sluaigh 2022. Tha an Scots Language Centre air raon ùr de stuthan ionnsachaidh eadar-obrachail Albais air-loidhne ullachadh airson luchd-ionnsachaidh 3-18, tidsearan agus pàrantan. San t-Sultain 2021, chuir an Scots Language Centre air bhog an stiùireadh agus na goireasan "Scots Works" a bha ag amas air daoine a chuideachadh gus misneachd fhaighinn anns na sgìlean litearrachd aca, a' sgrìobhadh ann an Albais. Chaidh an stiùireadh seo a chruthachadh ann an co-chomhairle leis an Scots Language Centre agus a leasachadh tro bhuidheann-obrach eòlach, anns an robh ùghdaran Albais ainmeil an sàs.

Dictionaries of the Scots Language

Tha Riaghaltas na h-Alba a' maoineachadh Dictionaries of the Scots Language aig a bheil an dleastanas airson prìomh fhaclairian a' chànain agus a tha a' dèanamh raon farsaing de dh'obair fhoghlaim fhor-ruigheachd le daoine de gach aois is comas. Tha Dictionaries of the Scots Language air artaigilean fhoillseachadh mu fhaclan Albais anns a' phàipear-naidheachd The Herald agus mothachadh a thogail agus deasbad a bhrosnachadh leis a' phoball. Mar phàirt de Sheachdain Leabhraichean na h-Alba san t-Samhain 2019, chuir Dictionaries of the Scots Language air bhog am foillseachadh "100 Favourite Scots Words". Tràth ann an 2021, chuir Dictionaries of the Scots Language air bhog an app an-asgaidh "Scots Dictionary for Schools" a tha ri fhaighinn do gach cuid a h-uile sgoilear agus neach-ionnsachaidh. Anns an app ùr tha mìltean de fhaidhlichean claisneachd agus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh le fuaimneachadh. Chaidh a luchdachadh a-nuas còrr air 1000 uair anns a' chiad seachdain den fhoillseachadh agus tha e fhathast na inneal ionnsachaidh luachmhor do sgoiltean agus luchd-ionnsachaidh.

Association of Scottish Literature

Tha an Association of Scottish Literature (ASL) cuideachd a' faighinn maoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba. Bidh an ASL a' toirt seachad stuthan leasachaidh proifeiseanta agus stuthan taice air litreachas is cànanan na h-Alba do thidsearan agus sgoilearan, a' foillseachadh litreachas na h-Alba nach d' fhuair aithne no a tha airidh a bhith air a thaisbeanadh às ùire do luchd-leughaidh an latha an-diugh agus cuideachd a' cur a-mach sreath de iùil is goireasan ionnsachaidh aig ìre sgoile. Tha an ASL cuideachd a' cumail Co-labhairt Sgoiltean a' toirt seachad Leasachadh Ionnsachadh Proifeiseanta Leantainneach (CPLD) do thidsearan àrd-sgoile airson Beurla is Albais.

Scots Hoose

'S e Scots Hoose prìomh sholaraidhe ghoireasan foghlaim Albais air-loidhne an-asgaidh do sgoiltean. Ann an 2022/23, bheir Riaghaltas na h-Alba maoineachadh do Scots Hoose, bidh e a' riochdachadh filmichean, beothachaidhean, nobhailean grafaigeach, bàrdachd ùr, sgeulachdan, òrain agus goireasan ionnsachaidh ann an Albais do thidsearan tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoile agus àrd-sgoile agus sgoilearan. Is e an rùn aige buileachadh àrdachadh le bhith a' leasachadh solar Albais do luchd-labhairt òga uile na h-Albais, le fòcas sònraichte air luchd-labhairt òga na h-Albais a tha a' fuireach ann an sgìrean bochda. Tha Scots Hoose air a bhith ag obair le raon de luchd-ealain proifeasanta bho dhiofar chùl-raointean agus air sgoiltean a thoirt a-steach ann a bhith a' cur ri goireasan agus fiù 's a' dèanamh am filmichean goirid fhèin.

Scots Radio/Doric Film Festival

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt maoinachadh do Scots Radio, a stèidhich a' chiad Fhèis Film Doric a-riamh ann an Siorrachd Obar Dheathain ann an 2018-2019. Tha an fhèis a' tabhann àrd-ùrlar follaiseach gus filmichean goirid a thaisbeanadh a rinn daoine fa leth, buidhnean coimhearsnachd agus sgoiltean ann an Ear-thuath na h-Alba. Aig duaisean nam Meadhanan Ceilteach 2021 o chionn ghoirid, choisinn Scots Radio an duais airson prògram radio iriseil. Chaidh am Bòrd Doric a chruthachadh le fòcas làidir air taic a thoirt do bhuidhnean agus phròiseactan ionadail le bhith a' toirt seachad tabhartasan beaga gus taic a thoirt do leasachadh agus iomairtean Doric.

Urras Leabhraichean na h-Alba

Ann an 2018, chaidh an grant foillseachaidh Albais a chur air bhog, air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus air a libhrigeadh le Urras Leabhraichean na h-Alba. Chaidh a chruthachadh gus taic a chumail ri foillsichearan na h-Albais agus gus sgrìobhadairean Albais a bhrosnachadh. Tha an tabhartas air a bhith air leth soirbheachail a' cruthachadh measgachadh de dh'fhoillseachaidhean leithid bàrdachd, ficsean, obair chloinne agus eachdraidh. Tha e a' sealltainn na tha de thàlant agus ùidh anns a' chànan, agus a' neartachadh na h-argamaid airson taic Riaghaltas na h-Alba do dh'Albais agus dhaibhsan a tha airson a cleachdadh.

Dealas na h-Albais

Bidh an dealas airson Bile nan Cànan Albannach na mheadhan reachdail cudromach airson atharrachaidhean sam bith ri prìomh reachdas a dh'fhaodadh a bhith a dhìth a libhrigeadh gus na geallaidhean a thaobh Albais agus aithne ioma-chànanach a libhrigeadh. Mar a chaidh a ràdh na bu tràithe, tha dealas farsaing ann gun tèid barrachd aithne agus inbhe a thoirt do dh'Albais agus rinn an deasbad gu h-àrd iomradh air an àite leudaichte a dh'fhaodadh a bhith aig buidhnean Albais.

Tha miann ann cuideachd son brosnachadh is taic a bharrachd do dh'Albais ann am foghlam. Mar an ceudna dh'fhaodadh bile cuideachd dleastanas a chur air buidhnean brosnachadh is taic a thoirt to dh'Albais no smaoineachadh air mar as urrainn dhaibh feart a thoirt air Albais anns an obair aca.

Ceistean Co-chomhairleachaidh

Tha fàilte air freagairtean co-chomhairleachaidh mun cheist de thaic airson Albais.

A' smaoinichadh air obair nam prìomh buidhnean Albais ainmichte sa phàipear seo – Dè ur beachd air obair nam buidhnean Albais? Ciamar a neartaicheadh is a chuireadh sibh ri obair nam buidhnean seo?

Dè ur beachdan air na h-ath-cheumannan a bu chòir gabhail gus taic a thoirt do dh'Albais?

A bheil puingeann sam bith a bharrachd ann a bu mhiann leibh dèanamh mun ghealladh taic a thoirt do dh'Albais?

Ullachaidhean Co-chomhairleachaidh – A' freagairt a' cho-chomhairleachaidh

Tha Riaghaltas na h-Alba a' sireadh bheachdan mu ar geallaidhean do Ghàidhlig is Albais agus Bile nan Cànan Albannach.

Cuiribh freagairt don cho-chomhairleachadh seo a' cleachdadh hub co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba, Citizen Space <https://consult.gov.scot/education-reform/gaelic-and-scots-scottish-languages-bill>

'S urrainn dhuibh sàbhaladh agus tilleadh gu na freagairtean agaibh fhad 's a tha an co-chomhairleachadh fhathast fosgailte. Dèan cinnteach gun tèid ar freagairtean a chur a-steach ron cheann-là Diardaoin 8mh den Dùbhlachd 2022.

Mur nach urrainn dhuibh freagairt a thoirt tron hub co-chomhairleachaidh, cleachdaibh Foirm Fiosrachaidh an Luchd-freagairt agus cuiribh sin gu: GaelicAndScotsConsultation@gov.scot

A' Iaimhseachadh ar freagairt

Ma fhreagras sibh tron hub co-chomhairleachaidh, thèid ar stiùireadh don dhuilleig About You mus cuir sibh ar freagairt. Seallaibh ciamar a bu mhiann leibh ar freagairt a bhith air a laimsheachadh agus, gu h-àraid, ma tha sibh riarachaidh ar freagairt a bhith air fhoillseachadh. Ma b' fheàrr leibh gun fhoillseachadh, tuigidh sinn gu bheil e dìomhair agus thèid dèiligeadh leis mar sin.

Bu chòir gach neach-freagairt a bhith mothachail gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' tighinn fo ullachaidhean Achd Saorsa

an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus gu feumadh air sgàth seo coimhead ri iarrtas sam bith a gheibheadh sinn fon Achd son fiosrachaidh ceangailte ri freagairtean a' cho-chomhairleachaidh seo. Mur nach urrainnibh freagairt a chur tro Citizen Space, crìochnaichibh is tilleibh Foirm Fiosrachaidh an Luchd-freagairt an luib na sgrìobhainne seo.

Gus ionnsachadh mar a laimhsicheas sinn ar fiosrachadh pearsanta, faicibh ar poileasaidh prìobhaideachd: <https://www.gov.scot/privacy/>

Na h-Ath Cheuman sa Phròiseas

Nuair a tha luchd-freagairt air cead a thoirt am freagairtean a dhèanamh poblach, agus as deidh dhuinne dearbhadh nach eil càil unnt a b' urrainn a bhith cliù-mhillteach, chì am poball na freagairtean aig <http://consult.gov.scot> Ma chleachdas sibh an hub co-chomhairleachaidh son freagairt, gheibhear lethbhreac den fhreagairt agaibh air post-d. As deidh dùnadh a' cho-chomhairleachaidh, thèid mìneachadh is aire a thoirt do na freagairtean gu lèir còmhla ri fianais sam bith eile a tha ri fhaotainn gus ar cuideachadh.

Thèid freagairtean fhoillseachadh far an d'fhuair sinn cead. Bidh aithisg mhìneachaidh cuideachd ri fhaighinn.

Beachdan agus Gearanan

Ma tha beachdan sam bith agaibh mun dhòigh anns na rinn sinn an co-chomhairleachadh seo, cuiribh iad don t-seòladh chonaltraidh os cionn neo gu ConsultationPSC@gov.scot

Pròiseas Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba

Tha co-chomhairleachadh na phàirt riatanach de bhith a' cruthachadh poileasaidh. 'S e cothrom a tha ann ar beachdan agus eòlas a mheòrachadh anns na raointean-obrach a tha romhainn. 'S urrainn ar co-chomhairleachaidhean uile a lorg air-loidhne: <http://consult.gov.scot> Minichidh gach co-chomhairleachadh na cùisean a tha fon phrosbaig, a thuilleadh air dòigh dhuibhse ar beachdan a thoirt dhuinn air-loidhne, tro phost-d neo tron phost.

Thèid freagairtean a mhìneachadh san cleachdadh mar phàirt den phròiseas taghaidh, còmhla ri farsaingeachd de dh'fhiosrachadh is fianais eile a tha ri fhaighinn. Foillsichidh sinn aithisg den mhìneachadh seo son gach co-chomhairleachadh. A-rèir dè seòrsa de cho-chomhairleachadh a tha ann dh'fhaodadh na freagairtean a gheibh sinn:

- sealltainn gu bheil leasachadh neo ath-sgrùdadh poileasaidh a dhìth
- an leasachadh aig poileasaidh sònraichte a stiùireadh
- cuideachadh taghadh eadar molaidhean poileasaidh eadar-dhealaichte

- a bhith air an cleachdadh gus lagh a chrìochnachadh mus tèid a chur an sàs

Ged as urrainn fiosrachadh mu shuidheachaidhean sònraichte a thèid a mhìneachadh ann am freagairt don cho-chomhairleachadh a bhith feumail do phròiseas a' phoileasaidh, chan urrainn co-chomhairleachaidhean dèiligeadh le draghan neo beachdan fa leth, a bu chòir a bhith air an cuir don bhuidhinn phoblach iomchaidh.

Tha co-chomhairleachaidhean Riaghaltas na h-Alba ag amas chothroman a thoirt do gach neach aig a bheil miann beachd a chur an cèill air raon-obrach a tha air a mholadh agus seo a dhèanamh ann an dòigh a stiùireas agus a chuireas ris an obair.

'S mathaid gum foillsich Riaghaltas na h-Alba freagairtean a' phàipeir cho-chomhairleachaidh seo don phoball agus Pàrlamaid na h-Alba.

Le ar toil, crìochnaichibh na h-earrannann buntainneach den fhoirm fhreagairt seo gus dèanamh cinnteach gun dèilig sinn le ar freagairtean mar bu chòir. Thèid gach freagairt aithneachadh, a mhìneachadh agus a mheòrachadh le Sgioba Gàidhlig agus Albais Riaghaltas na h-Alba.

Bu chòir luchd-freagairt a bhith mothachail gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' tighinn fo ullachaidhean Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus gu feumadh air sgàth seo coimhead ri iarrtas sam bith a gheibheadh sinn fon Achd son fiosrachaidh ceangailte ri freagairtean a' cho-chomhairleachaidh seo.

Foirm Fiosrachaidh Luchd-Freagairt

FOIRM FIOSRACHAIDH LUCHD-FREAGAIRT

Feumar am foirm seo a chrìochnachadh sa thilleadh le ar freagairt.

Gus ionnsachadh mar a làimhsicheas sinn ar fiosrachadh pearsanta faicibh ar poileasaidh prìobhaideachd: <https://www.gov.scot/privacy/>

A bheil sibh a' freagairt mar neach sònraichte neo buidheann?

Neach-sònraichte

Buidheann

Ainm slàn neo ainm na buidhne

Àireamh-fòn

Seòladh

Còd-puist

Post-d

Bu mhiann Riaghaltas na h-Alba ar cead gus ar freagairt fhoillseachadh. Mìnichibh ar miann a thaobh foillseachaidh:

Fiosrachadh son bhuidhnean:


Tha an roghainn 'Foillsich freagairt a-mhàin (gun ainm)' dìreach son luchd-freagairt sònraichte. Ma thèid seo a thaghadh, bidh ainm na buidhne fhathast air fhoillseachadh.

Ma thaghas sibh an roinn 'Na foillsich freagairt' 's mathaid gun tèid ainm ar buidheann a shealltainn fhathast am measg an luchd-freagairt, mar eisimplir, anns an aithisg mhìneachaidh.

- Foillsich freagairt le ainm
- Foillsich freagairt a-mhàin (gun ainm)
- Na foillsich freagairt

Sgaoilidh sinn ar freagairt taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba le sgiobaidhean poileasaidh eile a dh'fhaodadh a bhith a' dèiligeadh le cùisean a dh'ainmich sibh. Dh'fhaodadh gum bu mhiann leothsan fios a chur thugaibh san àm ri teachd ach feumaidh sinn cead son sin. A bheil sibh riarachtaichte le Riaghaltas na h-Alba conaltradh leibh a-rithist ann an co-cheangal ris a' cho-chomhairleachadh seo?

- Tha
- Chan eil





Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

© Crown copyright 2022

OGL

This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at www.gov.scot

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at
The Scottish Government
St Andrew's House
Edinburgh
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80435-814-6 (web only)

Published by The Scottish Government, August 2022

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA
PPDAS1201782 (11/22)

W W W . G O V . S C O T